

Stiùiriche a' Chùrsa Inntrigidh - Làn-ùine



Fios mun Dreuchd

www.smo.uhi.ac.uk

A charaid/A bhanacharaid

Tha sinn fìor thoilichte gu bheil sibh air ùidh a nochdadh anns an dreuchd Stiùiriche a' Chùrsa Inntrigidh aig Sabhal Mòr Ostaig.

Anns a' phasgan seo, thathas air beagan fiosrachaidh a tharraing ri chèile airson blasad a thoirt dhuibh air na bhios a' dol aig a' Cholaiste agus air an t-seòrsa àrainneachd-obrach a tha againn.

Tha mi an dòchas gun còrd na leanas ribh agus gum bi sibh airson ur n-iarrtas a thoirt air adhart chun na h-ath ìre. Ma tha ceist sam bith agaibh no ma tha am barrachd fiosrachaidh a dhìth oirbh faodar bruidhinn rium aig àm sam bith.

Le deagh dùrachdan



Stiùiriche an Fhoghlaim

01471 888 302

mnl1.smo@uhi.ac.uk

Tha àrainn oideachaidh air leth aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha na cùrsaichean agus a' Cholaiste gu lèir tro mheadhan na Gàidhlig - an aon Cholaiste den t-seòrsa seo an Alba agus san t-saoghal. Tha a' Cholaiste stèidhichte ann an Slèite anns an Eilean Sgitheanach, sgìre a tha ainmeil airson bòidhchead na h-àrainneachd.

Chaidh a' Cholaiste a stèidheachadh ann an 1973 agus bhon uair sin tha i air cliù a chosnadh air feadh an t-saoghail mar Ionad airson Cànan agus Cultar na Gàidhlig. 'S e colaiste spèisealta a th' innte, a' tabhann foghlam àrd-ìre, foghlam leantainneach agus chothroman rannsachaidh. Tha Sabhal Mòr Ostaig mothachail air cho cudromach 's a tha bunait làidir airson a' chàinain, a' chultair agus nan ealan agus tha i an sàs ann an iomadh pròiseact gus seo a thoirt air adhart.

“Far am faigh a h-uile neach cothrom pàirt a ghabhail ann an leasachadh na Gàidhlig”

Amas na Colaiste

Tha Sabhal Mòr Ostaig airson a bhith na shàr ionad acadaimigeach aig cridhe leasachaidhean ann an cànan agus dualchas nan Gàidheal le bhith a' tairgsinn deagh chothroman foghlaim, trèanadh agus rannsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig agus le bhith a' dol an sàs gu h-innleachdach còmhla ri daoine eile, luchd-gnìomhachais agus a' choimhearsnachd air fad gus leasachaidhean sòisealta, dualchasach agus eaconamach a chur air adhart. Tha a' Cholaiste na h-àite foghlaim làn-Ghàidhlig agus na h-àite gnìomhachais làn-Ghàidhlig, le sàbhaladh, brosnachadh agus leudachadh na Gàidhlig mar phrìomh adhbhar na Colaiste.

Ar Sealladh

Bidh Sabhal Mòr Ostaig mar:

Shàr ionad nàiseanta is eadar-nàiseanta airson na Gàidhlig
Shàr ionad foghlaim is rannsachaidh
Shàr ionad dha na Meadhanan is na h-Ealain Ghàidhlig
Phrìomh ionad ionnsachaidh na Gàidhlig
Shàr ionad cleachdaidh na Gàidhlig
Phrìomh àite-obrach na Gàidhlig
Làn chom-pàirtiche ann an lìbhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Luachan agus Dòighean-obrach an t-Sabhail

A' brosnachadh co-ionannachd

Tha co-ionannachd aig cridhe obair na Colaiste anns a h-uile dòigh.

Miann

A' togail air soirbheachas mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig gus coimhearsnachd na Gàidhlig a mhisneachadh agus a neartachadh.

A' Ghàidhlig

Tha an cànan aig cridhe obair na Colaiste agus tha sinn a' dèanamh a h-uile oidhirp airson a neartachadh agus a leasachadh anns gach raon de ar n-obair.

Sàr-ionad

Tha a' Cholaiste stèidhichte airson a bhith na shàr-ionad foghlaim, rannsachaidh agus leasachaidh, ag obair còmhla ri ar coimhearsnachdan is com-pàirtichean ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha e mar amas dhuinn taic a chur ri ar n-oileanaich agus ri ar luchd-obrach a chum maith am beatha.

Aig cridhe na coimhearsnachd

Tha Sabhal Mòr Ostaig aig cridhe coimhearsnachd na Gàidhlig, aig ìre ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

Daoine

'S iad ar daoine - luchd-obrach, oileanaich, buill ar coimhearsnachd agus ar luchd-ceuma a tha sgapte air feadh an t-saoghail, an neart as motha a th' againn. Bidh sinn ag obrachadh gu dlùth còmhla riutha gu an Ro-innleachd seo a thoirt gu buil.

Fosgailte agus onarach

Tha soirbheachas na Colaiste an crochadh gu mòr air a bhith a' dèiligeadh ri daoine gu h-onarach agus gu fosgailte agus a bhith dìreach nar cuid conaltraidh ris gach neach leis a bheil sinn ag obrachadh.

Ùr-ghnàthach

Tha a' Cholaiste air cliù a chosnadh dhi fhèin mar shàr-ionad ùr-ghnàthach aig cridhe leasachadh na Gàidhlig

A' Cur ri luach eaconamach agus sòisealta

Tha buaidh mhòr aig obair an t-Sabhail Mhòir air eaconamaidh agus coimhearsnachd na Gàidhlig agus tha a' Cholaiste a' creidsinn gu mòr ann a bhith a' sgaoileadh nam buannachdan sin a tha i a' cruthachadh gu maith ar coimhearsnachdan air fad.

Àrainneachd Bheothail

'S e stèidheachd ionnsachaidh bheothail, adhartach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, a bhios ag amas air coimhearsnachd Ghàidhlig làn misneachd is soirbheachais a bhrosnachadh. Tha iomadh pròiseact agus buidheann stèidhichte air làrach na Colaiste (faicibh an liosta gu h-ìosal), agus iomadh tachartas ionadail air an cumail ann cuideachd (ach tro Chovid).

Tha iomadh togalach againn air an làraich agus bidh buidhnean is pròiseactan stèidhichte againn a' dearbhadh cho cudromach 's a tha com-pàirteachas ann an saoghal na Gàidhlig agus mar a tha a' Cholaiste cuideachd a' cumail taic ri gnìomhachasan anns an sgìre fhèin.

Pròiseactan (far a bheil com-pàirt aig a' Cholaiste)

SOILLSE

Faclair na Gàidhlig

Ainmean-Àite na h-Alba

Tobar an Dualchais

Companaidhean agus Buidhnean leis a' Cholaiste

Fàs Mòr - ionad cùraim chloinne

Cànan (CGS) - Companaidh ioma-mheadhan na Colaiste

SkyeSpace - stiùidio agus goireasan clàraidh

Luchd-màil nan Oifisean

Dualchas - ailtirean

Seumas Ó Baoighille Ltd - gnìomhachas ionadail

DEARG - Bùth ghibhtean

SEALL – companaidh ealain ionadail

Sealladh - companaidh riochdachaidh telebhisein

Young Films – companaidh film

Stiùiriche Cùrsa – Fios mun dreuchd

Thathas a' sireadh Stiùiriche dhan Chùrsa Inntrigidh – prìomh chùrsa air astar na Colaiste do luchd-tòiseachaidh na Gàidhlig. Bidh sibh a' stiùireadh buidheann le luchd-oide agus luchd-rianachd a tha ag obair aig àrd-ìre agus a' leasachadh stuthan a' chùrsa fhèin. Bidh e an urra riut luchd-oide ùr a thrusadh, a thrèanadh agus a stiùireadh.

Bidh teisteanas no eòlas air teagaisg agad, agus air leasachadh chùrsaichean agus stiùireadh luchd-obrach, a bharrachd air eòlas farsaing air teicneòlas airson foghlaim aig astar.

Prògraman fo-cheum agus for-cheum aig Sabhal Mòr Ostaig

Tha Sabhal Mòr Ostaig a' tabhann grunn chùrsaichean fo cheum agus for-cheum, air astar agus air an àrainn, le spèisealachdan ann an cànan, leasachadh agus poileasaidh cànan, litreachas, dualchas, na meadhanan, foghlam, ceòl traidiseanta agus eadar-theangachadh. Tha na goireasan leabharlainn agus tasglainn againn a' sìor-fhàs, agus a' tarraing àireamh nas motha de dh'oileanaich fhor-cheum. Bha sinn riamh èasgaidh gu frithealadh air feumalachdan foghlaim na Gàidhlig, agus tha sin air aithneachadh san inbhe a th' againn mar Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig. Bha sinn aig teis-meadhan nan oidhirpean a thug Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean gu buil. Tha sinn an-dràsta ag ullachadh airson 50 bliadhna de Shabhal Mòr Ostaig a chomharrachadh ann an 2023 agus ag obair air planaichean airson inbhe SMO mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig a leasachadh.

Tha sinn a' feuchainn ri coimhearsnachd Ghàidhlig ioma-fhillte a chruthachadh air an àrainn, le grunn iomairtean agus ghnòthachasan stèidhichte ann (m.e. Tobar an Dualchais, Faclair na Gàidhlig) agus le luchd-ealain is sgrìobhaiche air mhuinntearas gu bhith againn.

An Cùrsa Inntrigidh

Tha an Cùrsa Inntrigidh na chùrsa Gàidhlig aig astar airson luchd-ionnsachaidh a th' aig an fhìor thoiseach, no aig a bheil beagan Gàidhlig mar-thà. Tha e stèidhichte air leasachadh sgilean labhairt is èisteachd ach nithear leasachadh air sgilean leughaidh is sgrìobhaidh cuideachd.

Gheibhear sgrìobhainnean a' chùrsa air loidhne, 's e sin leabhraichean-obrach, faidhlichean èisteachd (no CDan) agus leabhraichean teagaisg. Nithear fèin-ionnsachadh anns a' mhòr-chuid dhen chùrsa làmh ri clasaichean-fòn gach seachdain ach am faigh na h-oileanaich is tidsearan eòlas fhaighinn air a chèile agus cothrom an cuid Gàidhlig a chleachdadh. Gheibhear cothroman cleachdaidh a bharrachd anns na sgoiltean deireadh-seachdain roghainneil a tha, mar as trice, gan cumail aig an t-Sabhal Mhòr.

Bu chòir tomhas math den Ghàidhlig a bhith aig oileanaich an dèidh crìoch a chur air a' chùrsa agus an làn com-pàirteachais a ghabhail ann agus an sin faodar iarrtas a chur a-steach airson na ciad bliadhna de na cùrsaichean ceuma.

Choisinn an Cùrsa Inntrigidh Duais Cànan Eòrpach CILT ann an 2004 agus Duais Routledge airson Luchd-Ionnsachaidh a tha nan Inbhich mar thoradh air obair ionmholta airson dàrna cànan a theagasg aig astar.

Cùrsaichean Fo-Cheum

Tha na ceithir ceumannan BA/BA le Urram ann an Gàidhlig is Leasachadh, Cànan is Cultar na Gàidhlig, Gàidhlig is Ceòl Tradaiseanta agus Gàidhlig is Foghlam ag obair còmhla ann an 'sgeama', a' tòiseachadh le 'bliadhna cànan' (le cùrsaichean fa leth aig SCQF ìre 7 do luchd-ionnsachaidh, oileanaich a thàinig tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus oileanaich air astar). Air a' bhliadhna a tha romhainn, thèid ath-structaradh a dhèanamh air na ceuman ann an Gàidhlig is Leasachadh agus Cànan is Cultar, agus cuiridh sinn fàilte air cothrom spèisealachdan ùra a chur ris a' chlàr-ionnsachaidh. An-dràsta tha na prògraman seo a' gabhail a-steach litreachas bhon 21mh linn air ais gu linn na Gàidhlig Clasaigich, dualchas is beul-aithris, eachdraidh na Gàidhlig is na Gàidhealtachd, eachdraidh shòisealta, ainm-eòlas, dealbhadh is poileasaidh cànan, imrich, leasachadh choimhearsnachdan, mion-chànanan is fèin-aithne, feallsanachd, 'Ceilteachas', cànanas is dualchainntean na Gàidhlig, sgilean rannsachaidh agus sgilean eadar-theangachaidh.

Cùrsaichean For-Cheum

A bharrachd air oileanaich rannsachaidh PhD, tha cùrsaichean for-cheum againn - MSc ann an Cultar Dùthchasach is Eachdraidh na Gàidhealtachd, Maighstireachd Rannsachaidh ann an Gàidhlig is Ceiltis, agus PGDE ann am Foghlam. Tha sinn cuideachd air cùrsaichean for-cheum a thatbann ann am foillseachadh agus ann an eadar-theangachadh. Tha Sabhal Mòr Ostaig com-pàirteach ann an Soillse, a' bhuidheann rannsachaidh eadar-oilthigh.

Coimhearsnachd Rannsachaidh Shabhal Mòr Ostaig

Tha àite cudromach aig Sabhal Mòr Ostaig ann an ath-bheothachadh cànanach is cultarach na Gàidhlig ann an Alba. Tha cliù eadar-nàiseanta againn airson a bhith a' sgrùdadh eachdraidh agus litreachas na Gàidhlig, an-dè agus an-diugh; airson rannsachadh air taobhan poilitigeach, foghlaim agus coimhearsnachd, agus air ath-bheothachadh mion-chànanan; agus airson a dhol an sàs le ealain chruthachail Gàidhlig agus le meadhanan craolaidh agus air-loidhne.

Tha SMO na dhachaigh do ghrunn phrìomh phròiseactan ro-innleachdail ceangailte ris a' Ghàidhlig agus prògraman co-cheangailte ri leasachadh ghoireasan. Tha e na phrìomh chom-pàirtiche ann an SOILLSE, tha e na dhachaigh don phròiseact eadar-oilthigh Faclair na Gàidhlig, do dh'Ainmean-Àite na h-Alba agus Tobar an Dualchais. Tha sinn cuideachd nar com-pàirtiche ann an grunn phròiseactan cudromach nàiseanta is eadar-nàiseanta le fòcas air leasachadh mhion-chànanan, ionnsachadh cànan le taic coimpiutair, leasachadh coimhearsnachd agus ealain mhion-chànanan.

Tha an ro-innleachd rannsachaidh is buaidh againn ag amas air togail air a' chliù rannsachaidh àrd-ìre a th' againn agus gun lean sinn oirnn a' cur prìomhachas air gnìomhan rannsachaidh a leasaicheas tuigse agus mothachadh air cànan, cultar agus dualchas na Gàidhlig.

Tha cothroman trèanaidh agus leasachaidh aig luchd-obrach a tha an sàs ann an rannsachadh, a bharrachd air cothroman tro Mhaoin Shiubhail OGE, tro Mhaoin Leasachaidh Luchd-obrach SMO agus Sgeama Sàbaideachd OGE. Bidh sinn a' cumail sreath de cho-labhairtean rannsachaidh cunbhalach far am bi an luchd-obrach againn fhèin agus luchd-tadhail is oileanaich iar-cheumnach a' taisbeanadh an cuid obrach.

TUAIRISGEUL OBRACH

TIOTAL-OBACH	Stiùiriche Cùrsa - An Cùrsa Inntrigidh
ROINN	Roinn an Fhoghlaim
AN URRA RI	Leas-Stiùiriche an Fhoghlaim
UALLACH AIRSON	An Cùrsa Inntrigidh (ACI)
SGÈILE THUARASTAIL	£36,217 - £42,357
PRÌOMH ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig
CEANN-LATHA	23/07/21

PRÌOMH AMAS NA H-OBACH

An Cùrsa Inntrigidh aig Sabhal Mòr Ostaig a stiùireadh, a ruith agus a leasachadh gu h-èifeachdach.

DLEASTANASAN PROIFEISEANTA

- A' stiùireadh Luchd-oide ACI agus Luchd-rianachd/taic gu h-èifeachdach agus a' dèanamh cinnteach gu bheil siostaman conaltraidh èifeachdach air an cur an gnìomh.
- A bhith ann an conaltradh, far a bheil e freagarrach, le buidhnean air taobh a-muigh na Colaiste (leithid SQA, OGE agus msaa).
- A' frithealadh choinneamhan is chomataidhean na Colaiste is a' deasachadh aithisgean mar a bhios iomchaidh airson siostaman càileachd na Colaiste agus bhuidhnean sgrùdaidh m.e HMLe.
- Ag obair an co-bhonn ri diofar sgiobaidhean sa Cholaiste, nam measg - sgioba Margaideachd na Colaiste, sgioba Clàraidh agus sgioba Taic-oileanaich.
- An sàs ann an adhartas nan oileanach an dèidh dhaibh crìoch a chur air ACI a thaobh fios agus stiùireadh.
- An urra ri fastadh, trèanadh is inntrigeadh luchd-oide.
- A' leasachadh choimhearsnachd ACI.

TEAGASG, IONNSACHADH, MEASADH AGUS SGOILEARACHD

- A' leasachadh, ag ùrachadh agus a' leudachadh ACI agus chothroman ionnsachaidh co-cheangailte, m.e. air-loidhne, cùrsaichean deireadh-seachdain agus clasaichean còmhraidh.
- A' libhrigeadh taghadh oidean ùra agus a' leudachadh an sgioba trèanaidh. Ag obair leis na h-oidean air ACI a thaobh CPD agus sgilean teicnigeach.
- Os cionn leudachadh stuthan-teagaisg ACI mar a tha iomchaidh 's e sin bhideo, fuaim, stuthan-sgrìobhte etc. Uallach airson ìomhaigh a' chùrsa air LMS/VLE na Colaiste.

- A bhith a' toirt taic dhan sgioba a tha an sàs ann an libhrigeadh a' chùrsa le bhith a' com-pàirteachadh le rannsachadh, sgoilearachd agus modhan-obrach ùra ann an leasachadh cùrsa.
- A bhith a' measadh a' phrògraim agus a' gabhail uallach airson gearanan agus molaidhean nan oileanach agus mar a tha iad sin a' biathadh a-staigh dhan chùrsa.
- A' stèidheachadh sreath ùr de chlasaichean còmhraidh airson nan ìrean as àirde ann an ACI.

PLANADH, CÀILEACHD AGUS LEASACHADH

- A bhith mothachail air ro-innleachd na Colaiste agus OGE, agus a bhith a' com-pàirteachadh leis an fhiosrachadh sin nuair a tha e freagarrach.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil ìre acadaimigeach agus càileachd a' chùrsa ceart airson an raoin-obrach aca fhèin. A bhith a' gabhail os làimh siostaman càileachd ath-nuadhachadh/a chur air bhonn. Bu chòir dhan neach a bhith mothachail air co-theacsa Pàipear fèin-mheasaidh a' phrògraim.
- A bhith an sàs ann an leasachaidhean eile na roinne mar a bhios iomchaidh.
- A' toirt comhairle air cùisean ro-innleachdail, mar eisimpleir: àireamh luchd-oide/luchd-obrach an coimeas ri àireamh oileanach; cùisean dèanadach eile.
- Os cionn conaltradh èifeachdach eadar luchd-measaidh agus sgioba IV is EV.
- A bhith a' togail phuingeann sònraichte le PATs (Comhairlichean Acadaimigeach Pearsanta).
- A' com-pàirteachadh le modhan-obrach is beachdan ùra san raon-obrach le co-obraichean is coimhearsnachd acadaimigeach na Colaiste.
- A' gabhail uallach airson feumalachdan cùraim (Safeguarding).
- A' cumail sùil ri ur sàbhailteachd fhèin agus sàbhailteachd dhaoine eile.
- A' dèanamh obair sam bith ann an deagh àm agus a-rèir clàr-ama na roinne/a' mhanaidseir.
- Càileachd na Colaiste a choileanadh agus a leasachadh.
- Obair iomchaidh sam bith eile a dhèanamh mar a bhios feum aig a' Cholaiste bho àm gu àm.

Seo tuairisgeul air an obair mar a tha e. Sa chumantas thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh agus gus atharrach sam bith a dhèanamh. Thèid seo a dhèanamh leis an neach-obrach agus a' mhanaidsear aige/aice agus mar sin thathas a' sùileachadh gun gabhar pàirt anns na còmhraidhean seo. Tha Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh gun gabh cùisean aontachadh leis gach neach ach far a bheil seo do-dhèante, tha còraichean aig Sabhal Mòr Ostaig air atharrachaidhean ciallach a dhèanamh a-rèir tuarastal an neach-obrach às dèidh bruidhinn ris/rithe mun chùis.

Sònrachadh Pearsa

		Riathanach	Buannachdail
Teisteanasan		Ceum le urram ann an cuspair iomchaidh	Barantas ann an teagasg Àrd-ìre no teisteanas aithnichte le <i>Advance HE</i> Teisteanas Teagaisg (TQFE)
		Comas dearbhte air modhan teagaisg agus ionnsachaidh	Comas dearbhte air modhan teagaisg cànan agus leasachadh cànan
Eòlas		Lèirsinn a thaobh adhartais-foghlaim	
		Comas air àrd-ìre creideis a thaisbeanadh am measg cho-obraichean	Eòlas san fharsaingeachd air deagh-ghnè
Comasan is Sgilean		Eòlas air stiùireadh bhuidhnean is a' brosnachadh sgìobaidhean ùr-ghnathach agus misneachail	
		Cleachdte ri teagasg air-loidhne is a bhith a' cleachdadh àrainneachd ionnsachaidh air loidhne (VLE)	
		Fileantachd sa Ghàidhlig gach cuid labhairt, leughadh agus sgrìobhadh	Eòlas ann an leasachadh agus taisbeanadh dhòighean teagaisg agus a' dealbhadh mhodalan agus mhodhan-obrach
		Sàr sgilean teagaisg	
		Comas dearbhte a bhith a' dealbhadh, ag ath- bhreithneachadh agus ag adhartachadh phrògraman ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh.	Comas sgilean a nochdadh ann an Microsoft Office
Comasan Pearsanta		Sgilean math rianachd agus comasan eagrachaidh gun stiùireadh	Comasan ICT airson teagaisg air-loidhne m.e. Wordpress, Brightspace, Blackboard).
		Fianais gu bheilear an sàs ann an leasachadh leantainneach proifeiseanta	
Comasan Pearsanta		Deagh sgilean eadar-phearsanta	Cead dràibhidh Deòin a bhith siubhal
		Sgilean conaltraidh aig a h-uile ìre	
		Rianail agus gu follaiseach deiseil son deagh shaothair ann an àrainneachd innsineach	

Fios mu Iarrtasan

Co-ionannachd Chothroman

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig.

Iarrtasan

Gheibhear foirmichean-iarrtais air làrach-lìn na Colaiste an [seo](#).

Tillibh litir agus foirm-iarrtais air post-d gu: obair@smo.uhi.ac.uk

Ceann-là: 23/07/21

An dùil gun tèid agallamhan a chumail air: 06/08/21

Thèid agallamhan a chumail tro Zoom.

Faodar còmhradh neo-fhoirmeil a chumail le Eairdsidh MacIlleathain, Iar-stiùiriche an Fhoghlaim gu 9 An t-luchar air aml1.smo@uhi.ac.uk agus Dr. Marsaili NicLeòid, Stiùiriche an Fhoghlaim air 01471 888 302 no air post-d: mnl1.smo@uhi.ac.uk bho 12 An t-luchar.